



Trom-Laighe

Bho ‘Faclan’

Bha beathach grànda, le aon sùil
a bha fàs a-mach à meadhan a mhaoil,
a’ tighinn le gàire suas gu mo chùl!

Bha ceò ag èirigh bho dhà chluais,
bha lasair teine tighinn bho bheul –
Na leig mi sgreuch? Ò na leig mi sgreuch!

Is ged a bha mo chasan luath,
shìn e ghàirdean cnàmhach cruaidh
is ghlac a làmh mi làidir, fuar –
chan fhaighinn air teiche;
Ruith e leam gu bàrr a’ chladaich
is thog e ‘n-àird mi air ghoic amhaich,
bha a’ mhuir a’ bùireil shìos gu fada,
a’ goil ‘s a’ briseadh air na creagan.

Chaill mi m’ anail leis an eagal.

Is thuit mi mìltean mòr’ le ràn
às mo leabaidh
chun an làir,
sìos an staidhre
a dh’iarraidh deoch –
“O mhàthair, tha mo cheann cho goirt!”